

Càrn na Cuimhne

'S iad fir Bhràigh Mhàrr fir mo chridhe,
'Choisneadh buaidh air faich' 's air slighe,
Cumaidh Càrn na Cuimhn' a dlighe,
Olc air mhath le Lòrag,
Soiridh uam o chlàr mo chridhe,
Chum nan seòid a dhèanadh sìtheann,
Cha bhuin dhoibh fir na fuaraig' uidhir,
'Ga h-itheadh 'n àit' na feòla.

Ó 's iad mo rùn na treun ghaisgich,
Le 'n cuilbheiribh nach diùltadh lasadh,
'Nam dùsgadh dhaibh nan lannan glasa,
Bhiodh fuil air brataich Lòraig,
A' bhuidheann ghasta, chuachach thlachdmhor,
'Nam tarraing suas dhoibh air an fhaiche,
Bhiodh an ruaig air luchd nan casag,
Sios an taic ri Lòraig.

'S mairg a shamhlaicheadh ri chéile,
Muintir Dheun as Uisge Dhé seo,
Chuireadh crann-tàire còrr 's cùig ceud dhiubh,
'N ceann a chéile 'n òrdugh,
'S mór thug Chabbers riamh de spéis dhoibh,
An cathan Theàrlaich agus Sheumais,
Tha fir mo chridhe réir a chéile,
'S cha tréig mórfhear òg iad.

Tha daoine uaisle anns an tìr seo,
Nach leig còir dhiubh cam no dìreach,
Cuiridhean ro gharga, dhileas,
'S cha dìbir cliù ri 'm beò iad,
Ged tha Fuirbeisich gun athadh,
'S beag an caimean iad san rathad,
Sguraidh fir Mhàrr iad mar an eabhadh,
Sios thar fraighibh Lòraig.

'Nan arm 's 'nan éideadh 'n tùs an latha,
Bhiodh sùnd is sùrd orr' chum a' chatha,
Reubadh is mhilleadh iad am plathadh,
Uile mhaithean Lòraig!
Fuirbeisich, ged tha iad bruidhneach,
Bhiodh fir Mhàrr air thùs na buidhne,
'S cha bhi clach an Càrn na Cuimhne,
'N latha a bhuineas Lòrag.

Tha Càrn na Cuimhne daingeann, làidir,
Mar chloich-mhullaich druim na sràide,
'S a chaoidh cha ghluaisear e às 'àite,
Dh'aindeoin àrdain Lòraig.
Nuair ghabhadh seachad fir a' chruadail,
Chuireadh clach sa chàrn san uair sin,
Leis gach aon gun smàl gun ghruaman,
Nuair chuireadh suas 'na thòrr e.

Ged nach gluais e bho oir Dhé uainn,
Ruigidh 'fheartan far nach déid e,
Dhion e riamh gach neach dh'eugh e,
Anns gach féill is comh'ail,
Ach nan dugadh 'n Triath Rìgh Seumas,
'S Iarla Mhàrr nan àite fhéin dhuinn,
Le urram ur bhiodh an càrn ag éirigh,
'S cha bhiodh spéis do Lòraig.

San oidhch' fir Lòraig thàin' gu léir oirn,
Bha sneachd 'ga chur is gaoth a' séideadh,
Cheangail an rèotha' iad ri chéile,
'S chuir aiteamh treun an tòir orr',
Fìor-shoiridh uam gu Allt na Làirig,
Dh'ionnsaigh an lasgair uasail, làidir,
A dh'éireadh mar bu dual le 'chàiridibh,
'S nach cuireadh blàr le Lòraig.

Chan éist am Màrr o cheann gu ceann dheth,
Ceann-fine idir ach MacFhionnlaigh,
'S e fhéin sa chlann aig' riamh nach d' ionnsaich,
Cùl a thionndadh 'n corraig,
'S mar chraoibh mhullach, dhuilleach, bhlàthail,
Dh'fhàs gu h-ùrar, dosrach, làidir,
Dh'fhàs geugach, meurach, cràchdach,
Cha b' ann an gàrradh Lòraig.

Dh'fhàs e 'n lios nan craobhan riomhach,
Mar dharaig àrd nan gallan dìreach,
'S tha chlann mar chioll gun mheang gun chrìonach
Nach lùb le sìontaibh Lòraig,
Cha choimeas riuth' na fir gun Ghàidhlig,
'S nach d'ith riamh mir dh'fhir na craice,
Bithidh drùis air gnùis an fhir as feàrr dhiubh,
'Dìreadh àirde Lòraig.

'S fad chaidh an dream ud uile tuathail,
Le 'm boilich mhusach as le 'n uabhar,
'S iognach ciamar dh'fhàs iad uasal,
'S nach robh buaidh air beò dhiubh,
Ciamar dh'iarradh iad 'bhith streapadh,
Ri luchd nan claidhean is nam breacan,
'S gur gann chaidh duin' dhiubh idir 'fhaicinn,
Ann am feachd nam mór-chath.

Ach 's lionmhor flath gu sgairteil sgiamhach,
Chaidh mach on Chàrn gun ghaoid gun ghiomh ann,
'N aghaidh ghaisgeach 's eacha srianach,
'S chuir cruaidh gu dian 'nam feòil dhoibh,
Sonas air na h-àrmainn euchdach,
Buaidh leo' anns gach àit d' an déid iad,
Cliù dhoibh measg nam fineach treuna,
'S mo dheagh-thoil féin ri 'm beò dhoibh.